

Tha an earrann a leanas a' cur agus a' freagairt cheistean a chaidh fhaighneachd gu tric mun goireas seo.

Leig fios thugainn ma tha iad cuideachail, agus cuir brath thugainn ma tha ceistean eile agad a dh'fhaodadh sinn a fhreagairt.



A bharrachd air teacsa tha ceanglaichean an lùib feadhainn dhe na freagairtean gu filmichean goirid a tha a' mìneachadh cho cudromach 's a tha foghlam air Càirdeasan, Fallaineachd Feise agus Pàrantachd agus mar a bhios an goireas seo na bhuannachd do chlann agus do dhaoin' òga. Am measg an luchd-agallaimh tha luchd-obrach proifeiseanta, daoine òga agus pàrantan agus luchd-cùraim. Cuiridh sinn suas na filmichean le fo-thiotalan Gàidhlig nuair a tha iad deiseil.

-
- 1. Carson a chaidh an goireas RSHP a chruthachadh?**
 - 2. Ciamar a chaidh an goireas seo a chruthachadh?**
 - 3. Carson a tha RSHP cudromach?**
 - 4. Cò bu chòir foghlam RSHP fhaighinn?**
 - 5. A bheil an goireas RSHP freagarrach do chlann aig a bheil feumalachdan sònraichte, ciorram ionnsachaidh no otasam?**
 - 6. Ciamar a bu chòir do neach-foghlaim an goireas RSHP a chleachdadh?**
 - 7. A bheil Riaghaltas na h-Alba a' toirt stiùireadh air teagasg RSHP?**
 - 8. Ciamar a tha fios againn air na tha clann agus daoine òga ag iarraidh bho fhoghlam RSHP?**
 - 9. Dè na tha clann ag ionnsachadh le bhith a' cleachdadh a' goireas RSHP?**
 - 10. Dè am pàirt a th' aig pàrantan agus luchd-cùraim ann am foghlam RSHP? Ciamar a gheibh pàrantan barrachd tuigse air a' goireas RSHP agus foghlam RSHP ann an suidheachaidhean foghlaim?**
 - 11. A bheil na th' anns a' goireas ùr freagarrach a rèir aois agus ìre?**
 - 12. Dè na h-uallaichean a th' air daoine proifeiseanta agus dè an taic a tha ri fhaighinn?**
 - 13. Carson a bhios a' chlann ag ionnsachadh nan ainmean cearta airson nam pàirtean bodhaig aca?**
 - 14. Carson a tha an goireas RSHP a' teagasg mu "bhith ri feise" do chlann sa bhun-sgoil? Ciamar a tha seo ga dhèanamh?**

- 15. Carson a tha an goireas RSHP a' teagasg mu dhroch-dhìol fheiseil/dhrabasta sa bhun-sgoil?**
- 16. Carson agus ciamar a tha an goireas RSHP a' cuideachadh clann agus daoine' òga ann a bhith ag ionnsachadh mu cho-ionannachd gnè agus feise?**
- 17. Carson agus ciamar a tha an goireas RSHP a' cuideachadh clann agus daoine' òga ann a bhith ag ionnsachadh mu aonta?**
- 18. Carson agus ciamar a tha an goireas RSHP a' cuideachadh clann agus daoine' òga ann a bhith ag ionnsachadh mu phornografaidh?**
- 19. Carson agus ciamar a tha an goireas RSHP a' cuideachadh clann agus daoine' òga ann a bhith ag ionnsachadh mu dhiofar ghnìomhan feise?**
- 20. Carson agus ciamar a bhios goireas RSHP a' cuideachadh dhaoine' òga gus ionnsachadh mu thaobhadh feiseil?**

Tha na bhidiothan (sna ceanglaichean) san earrann seo rim faighinn le fo-thiotalan aig: <https://vimeo.com/showcase/6321964>

Gheibhear bhidiothan RSHP air fad an seo: <https://vimeo.com/showcase/6310425>

1. Carson a chaidh an goireas RSHP a chruthachadh?

'S e prìomh eileamaid de roinn Slàinte is Sunnd den Churraicealam airson Sàr-mhathais (CFE) a th' ann an RSHP. 'S e aon de na 8 roinnean de CFE a th' ann an Slàinte is Sunnd. Tha a chudromachd air a daingneachadh le àite aig cridhe a' churraicealam agus aig cridhe ionnsachadh na cloinne. Còmhla ri litearrachd agus àireamhachd 's e fear de na 3 prìomh roinnean a tha na dhleastanas air luchd-obrach ann an ionadan-ionnsachaidh.

Tha an t-ionnsachadh ann an Slàinte is Sunnd air a dhealbh airson a bhith cinnteach gum faigh clann agus daoine' òga eòlas eadar 3 agus 18 an tuigse, na sgilean, na comasan agus na buadhan a bhios a dhìth orra airson fallaineachd nam bodhaig 's nan inntinn, nam faireachdainnean agus gu sòisealta.

Tha daoine' òga air beàrnan agus laigsean a thogail ann am brìgh agus libhrigeadh foghlam RSHP ann an iomadh eacarsaich co-chonaltraidh agus compàirteachaidh, rannsachadh agus measaidhean. Chaidh

goireas RSHP a chruthachadh mar thoradh air an iarrtas gun rachadh foghlam RSHP ùrachadh gu tur, moladh a thàinig bhon Chomataidh Foghlaim agus Sgilean aig Pàrlamaid na h-Alba san aithisg aca 'Let's Talk about Personal and Social Education'.

Gabhaidh an goireas cleachdadh gus taic a chur ri libhrigeadh foghlam RSHP ann an sgoiltean àbhaisteach, sgoiltean do chlann le feumalachdan sònraichte agus ann an sgoiltean creideimh agus neo-chreideimh.

2. Ciamar a chaidh an goireas seo a chruthachadh?

Às dèidh mòran mhìosan de rannsachadh air na prògraman agus na goireasan RSHP a bha rim faotainn aig an àm, thòisicheadh a' cruthachadh goireas ùr RSHP air-loidhne. Gus pròiseas compàirteachaidh nàiseanta a chur air bhonn, chaidh dreach de na stuthan a chur air an làrach ùr aig toiseach na bliadhna-sgoile 2018-19 agus chaidh luchd-foghlaim agus pàrantan/luchd-cùraim a bhrosnachadh gus am beachdan a thoirt agus gus na stuthan a chleachdadh. Thug seo cothrom pròiseas measaidh agus sgioblachaidh a chur air dòigh gus gum biodh na stuthan deiseil airson toiseach na bliadhna 2019/20. A bharrachd air pròiseas fosgailte far an d' fhuair neach sam bith cothrom beachd a thoirt, chaidh grunn sgoiltean a chleachdadh airson na stuthan fheuchainn airson na h-ìre seo dhen phròiseas. Tha diagram an cois seo a' sealltainn mar a chaidh an goireas a thoirt gu buil.

Tha na goireasan gu lèir a tha a-nis rim faighinn mar phàirt dhen goireas RSHP air an dearbhadh a thaobh càileachd agus air am measadh le compàirteachas de luchd-foghlaim, proifeiseantaich slàinte agus buidhnean bhon treas roinn. Tha an luchd-compàirteachaidh a' gabhail ri pròiseas leantainneach de mheasadh agus de dheasachadh gus a bhith cinnteach gum bi an goireas tarraingeach agus freagarrach.

3. Carson a tha RSHP cudromach?

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathas a' gabhail ris gu bheil ionnsachadh mu shlàinte 's sunnd na phàirt bunaiteach de dh'fhoghlam gach pàiste 's neach òg ann an Alba. Nuair a tha an curraicealam a' bristeadh sìos na thathar ag ionnsachadh do sgoilearan, tha aithneachadh ann gu bheil ionnsachadh mu dhàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd na phàirt dhen làimhseachadh nàiseanta againn.

Cha robh ionnsachadh mu dhàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd riamh cho cudromach no cho deatamach 's a tha e an-diugh. Tha clann an-diugh fo bhuidhean tòrr dhiofar rudan nach iarramaid, buaidhean co-cheangailte rim beachd air ìomhaigh bodhaig, droch dhìol air meadhanan sòisealta agus a' bhuidhean a th' aig sin air an t-slàinte-intinn aca no a' bhuidhean a th' aig pornografaidh. Ged a dh'fhaodas seo a bhith uabhasach doirbh dèiligeadh ris mar chuspair, ma dh'innseas sinn an fhìrinn dhaibh, le spèis mar bhunait agus gun tog sinn air eòlas agus tuigse na cloinne agus nan daoine òga agus gun tuig iad na tha romhpa, bidh cothrom aca cumail air falbh bho dhroch bhuidhean. 'S urrainn do luchd-foghlaim, pàrantan agus luchd-cùraim clann a chuideachadh gus seasmhachd agus deagh bheusan ionnsachadh.

Cuideachd tha fianais a' sealltainn gu bheil luchd-ionnsachaidh a tha a' gabhail pàirt ann am foghlam RSHP nas buaitiche gun a dhol an sàs ann am feise agus am bi iad deiseil gu faireachail agus gu fiosaigeach airson dèiligeadh ri dàimhean feise, agus nach tig droch bhuidhean na chois nach buail air feadhainn nach deach an sàs ann.

Why does RSHP matter? <https://vimeo.com/showcase/6310425/video/361263347>

4. Cò bu chòir foghlam RSHP fhaighinn?

Who should receive RSHP - Cò bu chòir foghlam RSHP fhaighinn? education <https://vimeo.com/showcase/6310425/video/361991277>

Tha gach pàiste agus neach òg airidh air foghlam a fhreagras air na feumalachdan aca. Am measg seo tha cothroman ionnsachadh mu dhàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd. Tha goireas RSHP a' gabhail ris gu bheil seo a' tòiseachadh sna tràth-bhliadhnaichean agus a' leantainn gus am bi neach òg 18 bliadhna a dh'aois. Tha fios gu bheil libhrigeadh foghlam RSHP ga chur air dòigh gus gum bi e freagarrach a rèir aois agus dualan-nàdair an luchd-ionnsachaidh. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathas a' brosnachadh luchd-foghlaim gus plana ionnsachaidh agus libhrigidh a chur air dòigh a fheagras air a' cho-theacsa sa bheil an neach-teagaisg ag obair. Ge bith ciamar a tha sinn a' libhrigeadh foghlam RSHP, tha e cudromach aithneachadh gu bheil e aig meadhan a' Churraicealam Slàinte agus Sunnd againn.

5. A bheil goireas RSHP freagarrach do luchd-ionnsachaidh aig a bheil feumalachdan sònraichte, feumalachdan ionnsachaidh no otasam?

Tha pàrantan, luchd-cùraim agus luchd-foghlaim a' tuigsinn gu bheil RSHP gu h-àraid cudromach do chlann agus daoine òga aig a bheil feumalachdan sònraichte, ciorramachdan ionnsachaidh agus otasam. Tha RSHP a' cuideachadh gach pàiste 's gan treòrachadh tro shaoghal dhàimhean, airson 's gun tuig iad mar tha na bodhaigean aca ag atharrachadh agus gus an ionnsaich iad mar a chumas iad iad fhèin sàbhailte. Gu h-eachdraidheil cha bhiodh cuid de chlann aig an robh feumalachdan sònraichte/ciorramachdan a' faighinn foghlam RSHP freagarrach. Chaidh goireas RSHP a chruthachadh le tuigse gun robh còir aig clann aig a bheil feumalachdan sònraichte a bhith a' faighinn *an aon* oideachadh 's a tha an co-aisean agus *aig an aon àm* rin co-aisean. Ged a tha goireasan-teagaisg ann an RSHP a fhreagras air an fharsaingeachd fheumalachdan a th' aig luchd-ionnsachaidh bho na tràth-ìrean gu sgoil, colaiste agus anns a' choimhearsnachd, tha fios againn gum bi amannan ann nuair a bhios stuthan-taic a bharrachd a dhìth. Air sgàth seo tha sinn air leabhraichean agus stuthan air-loidhne a lorg a chuireas taic ri agus a leasaicheas ionnsachadh RSHP, a' gabhail an dachaigh a-steach, gheibh sibh am fiosrachadh sin aig: <https://rshp.scot/learners-with-additional-support-needs-asn/>

6. Ciamar a bu chòir do neach-foghlaim an goireas RSHP a chleachdadh?

Tha uallach air gach neach-foghlaim – bho na tràth-ìrean gu bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean – curraicealam Slàinte agus sunnd freagarrach a libhrigeadh do chlann agus daoine òga eadar aoisean 3 agus 18 bliadhnaichean. Ann a bhith a' cur air dòigh plana airson pàirtean den churraicealam co-cheangailte ri foghlam RSHP faodaidh iad an goireas seo a chleachdadh gus stuthan a lorg a bheir taic dhaibh. Tha planaichean gnìomh ann agus goireasan taic, chan e sgeama stèidhichte a tha seo, ach chaidh na goireasan a chruthachadh le luchd-foghlaim, thar roinnean agus choimhearsnachdan – chaidh measadh a dhèanamh air na stuthan agus tha na prìomh bhuidhnean compàirteachaidh a' cur an taic riutha. Mar sin faodaidh misneachd a bhith aig luchd-oideachaidh gu bheil e freagarrach agus bidh e na chuideachadh a' libhrigeadh foghlam RSHP san t-suidheachadh aca.

7. A bheil Rìghaltas na h-Alba a' toirt stiùireadh air teagasg RSHP?

Chaidh stiùireadh reachdail a' cur taic ri foghlam RSHP fhoillseachadh ann an 2014. Tha e mar dhleastanas aig Rìghaltas na h-Alba an stiùireadh ùrachadh ann an 2019, moladh a thàinig bhon bhuidheann-obrach air foghlam chom-pàirteach LGBT agus an sgrùdadh air Foghlam Pearsanta agus Soisealta (PSE).

8. Ciamar a tha fios againn air na tha clann agus daoine òga ag iarraidh bho fhoghlam RSHP?

Tha daoine òga ann an Alba air am beachdan a thoirt seachad ann am iomadh eacarsaich co-chonaltraidh agus com-pàirteachaidh, ann an rannsachaidhean agus measaidhean. Tha foghlam RSHP cudromach do dhaoine òga. Tha e a' dol còmhla ri slàinte inntinn agus fhaireachail mar chuspair fìor chudromach dhaibh. Ge-tà tha luchd-ionnsachaidh cuideachd air a thogail gu bheil beàrnan agus laigsean ann an lìbhrigeadh foghlam RSHP.

Tha clann agus daoine òga air innse gu bheil àite an tidseir fìor chudromach ann am foghlam RSHP. Tha iad ag iarraidh cuideigin a tha misneachail agus toilichte an cuspair a theagasg, aig a bheil deagh shunnd, a bhruidhneas gu fosgailte agus a sgrùdas ceistean còmhla riutha. Ann an leasan RSHP tha luchd-ionnsachaidh ag iarraidh gun gabh gach neach pàirt, gun bi diofar bheachdan air an toirt seachad agus nach bi nàire air neach sam bith.

Gus seo a dhèanamh tha luchd-ionnsachaidh a' moladh gum bi leasan eadar-ghnìomhail, stèidhichte air còmhradh, ag innse/a' cleachdadh eisimpleirean bho/ mu shuidheachaidhean làitheil agus a' togail air atharrachadh nan inbheachd mar a tha iad a' fàs nas sine. Mu dheireadh feumaidh an co-theacsa a bhith freagarrach, agus ged a tha e cudromach ionnsachadh mu chuspairean fallaineachd feise, tha e cuideachd cudromach ionnsachadh mu dhàimhean agus mu phàrantachd. 'S iad seo na prìomh earannan/tèaman a tha sa ghoireas ùr.

What do children and young people want from RSHP education?- Dè tha clann ag iarraidh bho fhoghlam RSHP?

<https://vimeo.com/showcase/6310425/video/361997291>

9. Dè na tha clann ag ionnsachadh le bhith a' cleachdadh a' ghoireas RSHP?

Tha na tèamaichean agus na topaigean air a bheilear a' coimhead ann an RSHP mar thà air am mìneachadh ann an earrannan RSHP den Churraicealam airson Sàr-mhathas. Tha goireas RSHP a' toirt stuthan do luchd foghlaim a ghabhas cleachdadh gus an curraicealam a theagasg. San fharsaingeachd tha na stuthan mu dhàimhean, tha fallaineachd feise agus sunnd na phàirt agus tha pàrantachd ga sgrùdadh.

Tha na stuthan air **dàimhean** a' coimhead air càirdeasan agus air a bhith rèidh ri daoine eile. Thathar a' coimhead air mar a tha clann gan giùlain fhèin nuair a tha iad còmhla ri daoine eile a bharrachd air air-loidhne. Sa bhun-sgoil tha na goireasan a' brosnachadh na cloinne gu bhith càirdeil ri chèile ge bith dè an gnè, thathar ag aithneachadh gu bheil cuideam uaireannan ga chur air clann a bhith ann an dàimhean bràmair . Tha e na theachdaireachd sna stuthan gum bu chòir dhuinn a bhith còir ri chèile. Mar dhaoin' òga san àrd-sgoil, tha ionnsachadh mu dhàimhean a' tòiseachadh air coimhead air dàimhean romansach, gaol agus dlùth-eòlas. Tha daoin' òga gam brosnachadh gus a bhith a' miannachadh dhàimhean a tha spèiseil agus còir. Gus daoin' òga a chuideachadh gus a bhith sàbhailte tha RSHP cuideachd a' coimhead air amannan nuair nach eil dàimhean fallain, le taic gus comharran droch dhiol agus fòirneadh aithneachadh. Airson daoin' òga nas sine tha fòcas air dàimhean air-loidhne, le taic airson iad fhèin a chumail sàbhailte.

Tha e mì-fhortannach gu bheil am pàirt seo dhen churraicealam air aithneachadh fhathast leis an ainm 'sex ed', oir thathar a' dèiligeadh ri tòrr a bharrachd air dìreach sin. Tha na stuthan air fallaineachd feise a' cuideachadh clann gus eòlas fhaighinn air am bodhaigean fhèin. Tha e cudromach gun ionnsaich clann mun bodhaigean airson 's nach bi nàire sam bith orra, airson 's gu bheil briathrachas aca a leigeas leotha bruidhinn air dragh sam bith a th' orra, airson 's gun tuig iad gur e proiseas nàdarra a th' ann an inbhidheachd a tha a' tachairt dhan h-uile neach.

Mun àm a ruigeas iad ceann shuas na bun-sgoil, faodaidh neònachas a bhith air clann mu fheise agus mar a tha leanabhan air an dèanamh, agus mar sin tha seo air innse ann an dòigh gu math dìreach. (Tha tuilleadh mun seo nas fhaide air adhart sna FAQs.) San àrd-sgoil tha cothrom aig daoin' òga tuilleadh ionnsachadh mu mar a chumas iad iad fhèin sàbhailte agus fallain nuair a bhios iad ann an dàimhean feise, mar sin tha iad ag ionnsachadh mu ghalaran a dh'fhaodas a bhith air an

togail tro fheise agus slàinte ginntinn a' gabhail a-steach chondoman agus casg-gin.

Tha an goireas cuideachd a' cur taic ri ionnsachadh mu **phàrantachd**. Tha e a' dèanamh seo le bhith a' brosnachadh ionnsachadh mu na dh'fheumas leanaban agus clann air an toiseach-tòiseachaidh as fheàrr nam beatha agus an uair sin mar a tha iad a' fàs. Tha daoine' og san àrd-sgoil air am brosnachadh gus samointinn air cò ris a bhiodh e coltach a bhith nad phàrant agus mar a bhiodh iad fhèin nam pàrant, ma tha sin fainear dhaibh. Tha daoine' òga cuideachd a' coimhead romhpa agus ag ionnsachadh le taic gum bi pàrantachd nas fheàrr le planadh.

Mu dheireadh tro na goireasan ann an RSHP tha prìomh theachdaireachd mu choibhneas agus co-fhaireachdainn ann an dàimhean, agus cho cudromach 's a tha gaol agus spèis ann an dàimhean nad inbheach.

Dè an t-ionnsachadh practaigeach a tha clann 's daoine' òga a' faighinn bho RSHP? <https://vimeo.com/showcase/6310425/video/361998246>

Ciamar a tha RSHP a' cuideachadh clann agus daoine' òga? <https://vimeo.com/showcase/6310425/video/361992291>

-
10. Dè am pàirt a th' aig pàrantan agus luchd-cùraim ann an foghlam RSHP? Ciamar a gheibh pàrantan barrachd tuigse air a' ghoireas RSHP agus foghlam RSHP ann an suidheachaidhean foghlaim?

'S e pàrantan 's luchd-cùraim na prìomh oidean a th' aig pàiste agus 's e compàirteachas a th' ann am foghlam RSHP eadar iad fhèin agus an sgoil. Tha goireas RSHP a' gabhail ris gum feum pàrantan agus luchd-cùraim susbaint nan leasan a gheibh am pàiste a thuigsinn airson 's gun urrainn dhaibh daingneachadh a dhèanamh air na thathar ag ionnsachadh aig an taigh.

Tha a' mhòr-chuid de phàrantan ag iarraidh gum faigh am pàist' aca foghlam Slàinte 's Sunnd agus RSHP agus tha iad ga mheas feumail fios a bhith aca air na bhiosar a' teagasg ro-làimh, an cànan no am briathrachas a thathar a' cleachdadh agus nas urrainn dhaibh a dhèanamh gus cur ri ionnsachadh a phàiste aca. 'S dòcha gum bi tachartasan aig àiteachan-ionnsachaidh mar-thà, seiseanan phàrantan no fios chunbhalach mun churraicealam. Airson taic a chur ris an seo tha RSHP a' dèanamh na leanas:

- Tha an goireas fosgailte dha na h-uile, agus mar sin faodaidh àiteachan-ionnsachaidh pàrantan agus luchd-cùraim a stiùireadh chun a' ghoireis gus gum faic iad stuthan sam bith a thathar a cleachdadh
- Tha bileagan fiosrachaidh ann aig gach ìre do phàrantan agus luchd-cùraim a ghabhas cleachdadh no atharrachadh.
- Aig toiseach gach plana airson gnìomhan ionnsachaidh (no gach seata de gnìomhan) tha earrann as urrainn don oide a chur dhachaigh mu na tha san amharc.
- Tha gnìomhan ionnsachaidh cuideachd a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gus na stuthan a thoirt dhachaigh, a' cuideachadh le còmhraidhean eadar clann no daoine òga agus am pàrantan/luchd-cùraim.
- Tha liostaichean leughaidh air an toirt seachad, gabhaidh iad seo cur ann an leabharlannan clas no sgoile, gabhaidh leughadh san dachaigh a bhrosnachadh mar seo.

Dè am pàirt a th' aig pàrantan agus luchd-cùraim ann an foghlam RSHP? *What is the role of parents and carers within RSHP?*

<https://vimeo.com/showcase/6310425/video/361996285>

How do we acknowledge and respond to concerns about RSHP? Ciamar a tha sinn ag aithneachadh agus a' dèiligeadh ri draghan mu RSHP?

<https://vimeo.com/showcase/6310425/video/361995322>

11. A bheil na th' anns a' ghoireas ùr freagarrach a-rèir aois agus ìre?

Tràth ann an cruthachadh curraicealam RSHP, chaidh obair a dhèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil ionnsachadh freagarrach a thaobh aois do phàiste aig ìre sam bith den Churraicealam airson Sàr-mhathas. Tha an goireas ùr RSHP air obrachadh air ais bho na h-Èolasan 's Builean agus na slatan-tomhais gus goireasan a chur air dòigh a chuireas taic ri libhrigeadh a' churraicealam chothromaichte seo. Tha na goireasan air fad a-nis rim faighinn mar phàirt mar phàirt de ghoireas RSHP, chaidh dearbhadh-càileachd agus measadh le co-aoisean a dhèanamh le compàirteachas de luchd-foghlaim, proifeiseantaich slàinte agus buidhnean bhon treas roinn. Tha an curraicealam againn ann an Alba a' leantainn stiùireadh bho Bhuidheann

Slàinte na Cruinne (WHO) agus an obair a tha iad a' dèanamh air modh-obrach stèidhichte air fianais a thaobh an ionnsachaidh seo.

A bheil na th' anns a' ghoireas ùr freagarrach a rèir aois agus ìre? *Is the new teaching resource age and stage appropriate?*

<https://vimeo.com/showcase/6310425/video/361994410>

World Health Organisation: Sexual and Reproductive Health, International technical guidance, an evidence-informed approach: <https://www.who.int/reproductivehealth/publications/technical-guidance-sexuality-education/en/>

-
12. Dè na h-uallaichean a th' air daoine proifeiseanta agus dè an taic a tha ri fhaighinn?

Thathar an dùil gun obraich proifeiseantaich sa cho-theacsa aca fhèin, còmhla ri co-obraichean agus ann an compàirt ri pàrantan/luchd-cùraim gus curraicealam a libhrigeadh a fhreagras air feumalachdan an luchd-ionnsachaidh. Tha comhairle agus cuideachadh ri fhaighinn bhon ùghdarras ionadail agus bho luchd-obrach a' bhòrd-slàinte, a rèir 's far a bheil sibh a' fuireach. Tha co-obraichean bho Foghlam Alba cuideachd a' cur trèanadh air bhonn a chuireas taic ri libhrigeadh curraicealam RSHP.

Dè na h-uallaichean a th' ormsa agus dè an taic a tha ri fhaighinn san sgìre agam? *What are my responsibilities and what support is available in local areas?* <https://vimeo.com/showcase/6310425/video/361993471>

-
13. Carson a tha e cudromach gun cleachd clann na faclan cearta airson na pàirtean dem bodhaig?

Tha e cudromach aithneachadh gu bheil cuid de phàrantan/luchd-cùraim den bheachd nach eil e ceart faclan mar *bod* agus *pit* a chleachdadh le clann. Tha seo air saillibh gu bheil inbhich a' smaointinn gu bheil na pàirtean sin den bhodhaig co-cheangailte ri feise a-mhàin. 'S dòcha gu bheil cuid de phàrantan/luchd-cùraim a' smaointinn gum faod suidheachaidhean doirbh èirigh ma tha clann a' cleachdadh nam faclan cearta agus gun fhios aca a bheil iad freagarrach gus nach eil. Le seo aig cùl chùisean tha dà adhbhar ann airson a bhith a' cleachdadh nam faclan cearta san sgoil.

An toiseach chan eil anns na buill-ghineamhainn ach pàirtean eile den bhodhaig agus 's urrainn dhuinn clann a chumail fallain agus sàbhailte nam beatha ma sheachnas sinn beachd sam bith gun robh còir aca nàire a bhith orra mun deidhinn, no gu bheil na pàirtean seo den bhodhaig nan adhbhar nàire cho dona 's gum feum iad far-ainmean a chleachdadh. Bho aois òg faodaidh sinn ionnsachadh do chlann gu bheil ainmean air na pàirtean prìobhaideach den bhodhaig agus gun urrainn dhuinn air fad na h-ainmean sin a chleachdadh agus a thuigsinn gun nàire sam bith. Chan eil an seo ach pàirt den oidhirp againn ann am foghlam RSHP gus am bi clann cofhurtail agus toilichte mum bodhaigean fhèin.

San dàrna àite nuair a tha na h-ainmean cearta aig clann airson nam pàirtean dem bodhaig tha iad nas sàbhailte. Nuair a tha na faclan cearta aig clann agus iad misneachail a thaobh an cleachdadh, bidh iad air chomas innse gu mionaideach do thidsear no do dh'inbheach ma sheallas duine eile dhaibh buill-ghineamhainn, ma shuathas iad sna feadhainn acasan no ma sheallas iad film no dealbhan dhaibh den t-seòrsa seo. Tha an dòigh-teagasg seo a' tòiseachadh ann an àrainnean tràth-ionnsachaidh agus ann an sgoiltean bho P1.

-
14. Carson a tha an goireas RSHP a' teagasg mu "bhith ri feise" do chlann sa bhun-sgoil? Ciamar a tha seo ga dhèanamh?

Sa bhun-sgoil, aig deireadh P4, thathar an dùil gum bi tuigse aig clann cò às a tha rudan beò a' tighinn agus mar a bhios iad a' fàs, ag atharrachadh agus gan àrach. Tha seo a' ciallachadh gum bu chòir fios a bhith aca air mar a tha beatha a' tòiseachadh, a' fàs agus ag atharrachadh tro leatromachd ann am boireannaich. Nas fhaide air adhart sa bhun-sgoil, ann an C6 no 7, thathar an dùil gum bi barrachd tuigse aca air bodhaig neach agus mar sin gun ionnsaich iad tuilleadh mu ghineamhainn, feise, agus breith bèibidh. Sin a th' anns a' churraicealam, ach a bharrachd air an sin, tha fios aig mòran phàrantan/luchd-cùraim gum bi iongnadh air clann mun aois seo 's gum bi iad a' tòiseachadh air ceistean fhaighneachd, me: *Ciamar a fhuair an leanabh dhan stamaig agaibh? Ciamar a bhios an leanabh ga bhreith?*

Tha goireas RSHP a' làimhseachadh a' chuspair le bhith gu math dìreach a thaobh mìneachadh agus na faclan a thathar a' cleachdadh. Aig an ìre seo tha am fiosrachadh a dh'fheumas clann gu math bunaiteach, agus bidh iad sàsaichte le freagairtean fìrinneach. Tha sinn cuideachd airson gum bi a' chlann ag ionnsachadh mum bodhaigean agus pròiseasan nàdarra daonna gun nàire no tàmailt a bhith orra.

Gabhaidh susbaint nan gnìomhan agus nam Powerpoints a sgaoileadh air pàrantan agus luchd-cùraim ro-làimh agus às dèidh leasan airson 's gum bi aonta san fhiosrachadh a tha a' chlann a' faighinn.

Tha puing dheireannach an seo mu bhuidh dhraghail. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil àireamh bhrìgheil de chlann air pòrn a choimhead mus fàg iad a' bhun-sgoil. Tha Childnet International ag innse gu bheil 28% de chlann aig aois 11 bliadhna air innse gu bheil iad air pòrn fhaicinn. Tha rannsachadh le Coimiseanar na Cloinne ann an Sasainn a' cur taic ris an fhigear seo. Tha dragh cuideachd gu bheil aithisg bhon NSPCC ag innse gu bheil 53% de bhalaich agus 39% de nigheanan eadar aoisean 11 agus 18 a bha air pòrn fhaicinn a' smaointinn gun robh e fìor. *Dè tha seo a' ciallachadh do phàrantan/luchd-cùraim?* Tha e a' ciallachadh gu bheil e deatamach gun obraich sinn còmhla gus ceistean a' phàiste a fhreagairt ann an dòighean a sheallas gur e pàirt de dhàimhean gaoil eadar inbhich a th' ann le bhith a' cruthachadh chothroman còmhraidh agus ionnsachaidh còmhla tha sinn gam brosnachadh gus tighinn thugainn ma chì iad rud sam bith a tha a' cur dragh orra air-loidhne.

-
15. Carson a tha an goireas RSHP a' teagasg mu dhroch-dhìol fheiseil/dhrabasta sa bhun-sgoil?

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathas soilleir ann a bhith ag aithneachadh gun robh còir fios a bhith aig gach pàiste gu bheil a h-uile seòrsa droch-dhìol ceàrr. Gus seo a thuigsinn feumaidh fios a bhith aig clann dè th' ann an droch-dhìol airson 's gun aithnich iad e ann an rudan a thachras no a dh'fhaodadh tachairt dhaibh.

Tha Curraicealam RSHP, le taic bhon ghoireas seo, a' toirt taic do chlann gus am faireachdainnean a thuigsinn agus a' toirt misneachd agus sgilean dhaibh ann a bhith a' sealltainn agus ag innse mar a tha iad a' faireachdainn. Tha na gnìomhan ionnsachaidh sa ghoireas a' dèiligeadh ri diofar faireachdainnean, ach airson faireachdainnean a tha a' cur dragh air clann tha an goireas gam brosnachadh gus cuideachadh iarraidh.

A' coimhead ris an seo tha clann aig aois C5/C6 air am brosnachadh gus smaointinn air suidheachaidhean sam bi iad a' faireachdainn sàbhailte no iomgaineach. Tha iad a' beachdachadh air na h-inbhich nam beatha anns a bheil earbsa aca. Bidh iad a' cnuasachd air suidheachaidhean far am faodadh iad a bhith a' faireachdainn gun robh iad ann an cunnart – nam biodh pàiste a' fulang air sgàth burraidheachd,

dochann, dearmad no droch dhìol fheiseil dhrabasta. Thathar a' dèiligeadh ris na cuspairean dhraghail seo ann an dòigh mothachail, chan fheumar eagal a chur a pàiste, agus mar sin tha a' chlann ag ionnsachadh nach eil còir aig duine cron a dhèanamh orra.

Far a bheil gnìomhan sa ghoireas a' dèiligeadh ri droch dhìol no cron, tha stiùireadh soilleir gum bu chòir do luchd-foghlaim a tha ga lìbhrigeadh a bhith air an trèanadh as ùire a dhèanamh ann an dìon chloinne tron àite foghlaim sa bheil iad ag obair. Cuideachd bu chòir dhan neach-foghlaim a tha a' libhrigeadh nan seiseanan a bhith eòlach air a' chlann sa chlas/bhuidheann. Far am bi dragh no iomagain air pàiste mu chuspair bho sheisean, tha e sgrìobhte gum bu chòir bruidhinn ris a' phàiste agus na pàrantan/luchd-cùraim mar tha iomchaidh gus obrachadh a-mach dè an taic a tha a dhìth.

-
16. Carson agus ciamar a tha an goireas RSHP a' cuideachadh clann agus daoine òga ann a bhith ag ionnsachadh mu cho-ionannachd gnè agus feise?

Tha goireas RSHP a' cur taic ri oidhirpean chloinne gus ionnsachadh mun deidhinn fhèin, na tha gan dèanamh fa leth agus mun bhun-bheachd iomadachd. Ann a bhith a' dèanamh seo tha a' chlann a' coimhead air gnàth-ìomhaighean agus air na thathar an dùil ris bho dhaoine a rèir gnè. Bho na tràth-ìrean gu ceann shuas na h-àrd-sgoile, tha an goireas a' toirt misneachd dhan chloinn gu bhith mar a thogras iad mar bhalach no nighean.

Sa bhun-sgoil ionnsaichidh clann san sgoil nach eil a leithid de rud ann ri stuthan bhalach no stuthan nigheanan. Tha bun-bheachd co-ionannachd air a thoirt a-steach sa bhun-sgoil mar seo:

Tha co-ionannachd mu bhith cothromach. Tha co-ionannachd a' ciallachadh dèanamh cinnteach gu bheil na h-aon chothroman aig gach nighean 's balach, agus gach boireannach 's fireannach, gus nas urrainn dhaibh a dhèanamh dem beatha agus den tàlantan.

Tha daoine òga san àrd-sgoil a' leantainn orra a' coimhead ri co-ionannachd a thaobh gnè, tha seo cuideachd a' coimhead air mar a bhiosar a' briseadh a-steach air còraichean tro bheachdan cumhang air mar bu chòir do dh'fhìreannaich no do bhoireannaich òga a bhith, leth-bhreith dhìreach agus neo-dhìreach, sàrachadh feiseil agus fòirneart a rèir gnè.

Tha goireas RSHP a' gabhail ris gum faod cuid de dhaoin' òga (iad fhèin) aithneachadh mar tar-ghnèitheach no ann an dòighean eile, me far-ghnèitheach no neo-dhaingnichte a thaobh gnè. Ann an suidheachaidhean foghlaim feumaidh sinn aithneachadh agus a bhith mothachail dhan atharrachadh a tha a' tachairt a thaobh mar a tha daoine òga gan tuigsinn agus gan sònrachadh fhèin a thaobh feise agus gnè. Ann an leasan sa bhun-sgoil tha an teirm tar-ghnèitheach ga mhìneachadh. San àrd-sgoil tha tuilleadh còmhraidh ann mu na tha sinn a' ciallachadh le gnè agus seòrsa.

Tha crìochan air goireas RSHP a thaobh na ghabhas deanamh. Chan eil ann ach grunn gnìomhan ionnsachaidh a tha a' cnuasachd air agus a' brosnachadh co-ionannachd. Anns gach suidheachadh ionnsachaidh, bidh feum air fòcas nas fharsaing air co-ionannachd, barrachd na tha curraicealam RSHP a' teagasg, ge-tà cuidichidh na gnìomhan gus aire na cloinne agus nan daoine òga a tharraing chun na h-obrach seo. Tha e cuideachd cudromach aithneachadh gum feum sinne mar luchd-foghlaim a bhith fosgailte ris na diofar bheachdan agus na smuaintean a bhios aig daoine òga, bidh cuspair gnè agus dearbh-aithne-gnè a' nochdadh sna meadhanan sam bith iad an sàs. 'S dòcha gum bi iad deònach gabhail ri cuid den bhriathrachas no gum bi iad na aghaidh, 's dòcha gum bi diofar bheachdan aca mu gnè agus dearbh-aithne-gnè. Tha seo uile ceart gu leòr fhad 's gu bheilear ga làimhseachadh an taobh a-staigh de structar RSHP. Cha bu chòir do cheistean no do dheasbad a bhith leth-bhreitheach, pearsanta no mì-choibhneil.

Tha na gnìomhan ionnsachaidh a tha a' sgrùdadh gnè bith-eòlasach agus gnè cuideachd a' cur na leanas, gu dìreach, an cuimhne an luchd-foghlaim:

'S dòcha gum bi pàiste/neach òg sa chlas nach eil ag iarraidh a bhith air aithneachadh mar nighean no balach. 'S dòcha gum bi pàiste/neach òg san àrainn a tha a' faireachdainn nach eil an gnè bith-eòlasach agus an gnè aca a' dol a rèir a chèile. Dh'fhaoite gun do dh'inns pàrant no neach-cùraim a' phàiste dhut mar-thà mun neo-shàstachd gnè aca. San t-suidheachadh seo, tha e mar dhleastanas suidheachadh ionnsachaidh sàbhailte agus fallain a chur air bhonn don phàiste/neach òg, a' toirt spèis dha na h-iarntasan acasan agus aig am pàrantan a thaobh atharrachadh ann an ainm, aodaich no riochdairean. Ann an suidheachadh mar seo faodaidh am pàiste/neach òg burraidheachd claon-bhreitheach fhulang agus, ged a tha na gnìomhan ionnsachaidh seo ag amas air coibhneas, mothachas agus còraichean a bhrosnachadh, cha

*bhi annta ach pàirt den dòigh anns am bi thu a' toirt àite
compàirteach agus sàbhailte don luchd-ionnsachaidh gu lèir.*

17. Carson agus ciamar a tha an goireas RSHP a' cuideachadh clann agus daoine òga ann a bhith ag ionnsachadh mu aonta-feise?

Nuair a tha sinn a' smaoinichadh mu aonta no cead, bidh sinn tric a' leum gu na tha an lùib aonta-feise. Tha e furasta seo a thuigsinn bhon a tha e na phrìomh uallach agus bu chòir do dhaoine òga a thuigsinn mus tèid iad an sàs ann an dàimhean feiseil. Ma tha sinn airson gun tuig daoine òga aonta-feise aig 16, 17 no 18, feumaidh sinn tilleadh agus sgrùdadh a dhèanamh air mar as urrainn dhuinn clann a chuideachadh gus eòlas agus tuigse fhaighinn air aonta. Le bhith ag ionnsachadh aig aois òg tro chluich, a bhith a' togail dhàimhean mar charaidean agus a' fàs neo-eisimeileach – ionnsaichidh iad mu aonta mar phàiste, agus mar sin bidh iad air chomas aonta-feise a thuigsinn mar inbhich òga. Ciamar ma tha sinn a' dèiligeadh ris an seo anns a' ghoireas RSHP?

Sna tràth-bhliadhnaichean, nuair a tha a' chlann san sgoil-àraich no ann an P1, faodaidh iad ionnsachadh mu bhith ag obair còmhla, mu cho-roinn agus mu mhodh. Ionnsaichidh iad mu na tha a' còrdadh riutha agus mu rudan nach eil, mar a chuireas iad sin an cèill agus mu bhith ag èisteachd ri càch a chèile. Tòisichidh iad air aithneachadh nuair a tha pàiste eile airson rud agus nuair nach eil – tro chànan no tro mhodhan-bodhaig no an dol-a-mach aca. Tha seo air fad a' tighinn tro na cothroman teagaisg nuair a tha clann agus luchd-teagaisg a' cluich agus a' còmhradh, no nuair a thachras rud sònraichte. 'S urrainn dhuinn na cothroman teagaisg sin a chruthachadh cuideachd. Mar sin tha beachdan sa ghoireas RSHP mu leabhraichean agus gnìomhan a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP air aonta sna tràth-ìrean.

Sa bhun-sgoil gheibh clann cothroman spòrsail fhad 's a tha iad ag ionnsachadh mu aonta tro chluich agus a' smaoinichadh air na suidheachaidhean anns am bi iad aig diofar amannan – 's fìor thoigh le clann a bhith a' beachdachadh air rudan a dh'fhaodadh tachairt nam beatha làitheil. Ionnsaichidh iad cànan agus modhan ionnsachadh a chuidicheas le bhith a' cur am faireachdainnean an cèill.

Anns na tràth-ìrean agus sa bhun-sgoil thathar ag ionnsachadh do chlann gur ann leotha fhèin a tha am bodhaig, gu bheil còraichean aca a

thaobh sàbhailteachd agus spèis. Aig bunait ionnsachadh mu aonta tha fèin-riaghladh na bodhaig air a mhìneachadh mar seo:

Tha fèin-riaghladh na bodhaig a' ciallachadh gur ann leatsa a tha do bhodhaig. 'S tusa ceannard do bhodhaig.

San àrd-sgoil, tha cothroman aig daoine òga smaoinichadh air na tha aonta a' ciallachadh ann an dàimhean, nam measg dàimhean feise. Mun àm a tha iad aig ceann-shuas na h-àrd-sgoile, tha daoine òga a tha an sàs sa ghoireas RSHP a' còmhradh air aonta ann an diofar cho-theacsan 's iad a' bruidhinn air na seòrsaichean dhàimhean romansach agus gaolach a dh'iarradh iad dhaibh fhèin agus air mar a gheibh iad taic agus comhairle nuair nach eil spèis do bheachdan bunaitich a leithid aonta taobh a-staigh càirdeis.

-
18. Carson agus ciamar a tha an goireas RSHP a' cuideachadh clann agus daoine òga ann a bhith ag ionnsachadh mu pornagrafaidh?

Tha sinn beò ann an saoghal far am faighear grèim air pòrn gu furasta agus far am faic clann e ged nach biodh iad airson – 's dòcha gun lorg iad e le cliog ceàrr gun fhiosta dhaibh fhèin no gun seall pàiste nas sine no fiù 's inbheach dhaibh e. Tha fios againn cuideachd gum bi mòran dhaoine òga, gu h-àraid fir òga, a' coimhead pòrn mun àm a tha iad nan deugairean. B' fheàrr leinn nach robh sin fìor. Tha e mar bhunait a' churraicealam RSHP agus mar sin den ghoireas cuideachadh a thoirt do chlann gus am bi iad sàbhailte, gus an tuig iad na tha iad a' faicinn agus gun iarr iad cuideachadh air inbheach earbsach ma tha ceist aca, ma tha dragh orra no ma tha iad troimh-a-chèile mu rud sam bith. Tha seo a' gabhail a-steach coimhead air pòrn.

Sa bhun-sgoil chan eil ach iomradh goirid ga thoirt air pòrn. Tha seo ga dhèanamh tro cho-theacsa ionnsachadh mu shàbhailteachd air-loidhne, far am bi sinn a' brosnachadh clann gus smaointinn air sàbhailteachd agus cuimhneachadh bruidhinn ri inbheach ma tha iad air rud fhaicinn a tha gam fàgail troimh-a-chèile. Tha sinn a' dèanamh seo bhon a tha rannsachadh a' sealltainn gum bi aon phàiste às gach trìuir air pòrn a choimhead ro aois 11. Timcheall air P5/6 bidh sinn a' mìneachadh pòrn mar a leanas:

'S e giorrachadh a th' anns an fhacal pòrn airson pornografaidh. 'S e th' ann am pòrn dealbh, ìomhaigh, film no faclan a tha co-cheangailte ri feise. Faodaidh pòrn na buill-gineamhainn a

shealltainn no cuideachd daoine ri feise. Faodaidh cuid de phòrn daoine fhàgail troimh-a-chèile ma tha e a' sealltainn droch-dhiol no goirteachadh ga dhèanamh air neach. Tha e ceàrr do dh'inbheach no neach òg eile pòrn a shealltainn dhut. Ma chì thu rud nach eil thu a' tuigsinn, no a tha gad fhàgail troimh-a-chèile, tha e cuideachail innse do dh'inbheach earbsach.

Ann an susbaint a' ghoireis RSHP airson na h-àrd-sgoil, tha tuilleadh ionnsachaidh timcheall air pòrn agus an fhìrinn mu dheidhinn. Tha an t-ionnsachadh seo a' ceangal gu soilleir ri dleastanas bho CfE gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh a dh'ionnsaigh litearrachd bhreithneachail - a' ciallachadh gun dèan iad mion-sgrùdadh agus measadh air na bhios iad a' leughadh, a' faicinn no a' cluinntinn, 's gun tuig iad mar a tha na tha iad a' leughadh, a' faicinn agus a' cluinntinn a' ceangal ri cùisean mar co-ionannachd, cumhachd agus ceartas sòisealta. Leis an tuigse seo faodaidh iad meòrachadh air *Ciamar a tha mi a' faireachdainn* agus *Dè tha mi airson a dhèanamh mun seo?*

Tron ghoireas, chan eil ann am pòrn ach aon chuspair far a bheil sinn ag amas air luchd-ionnsachaidh a ghabhail a-steach gun nàire no maslach, gun bhreith no gleus moralta. Chan eil seo a' ciallachadh gu bheil e gun bheus ach gu bheil na stuthan cruthachail, a' cleachdadh àbhachd agus a' tarraing stuthan bho stòran earbsach leithid Childline.

Nuair a tha luchd-foghlaim a' coimhead air na stuthan-taic mu pornografaidh, tha iad an toiseach a' leughadh mu na ceanglaichean ri CfE. An uair sin tha sinn air Amasan ionnsachaidh agus Slatan-tomhais soirbheachaidh a chruthachadh – tha iad seo a' mìneachadh amas a' ghnìomh agus na bu chòir do luchd-ionnsachaidh a thuigsinn, eòlas fhaighinn air no a dhèanamh mar thoradh air an leasan. Tha dèiligeadh ri pornografaidh mar chuspair, tron ghoireas seo, a' gabhail ris gu bheil mòran de dhaoine òg air fhaicinn, agus gu bheil cuid ann a roghnaicheas coimhead air na stuthan. Sna stuthan seo tha sinn ag amas air a bhith soilleir gu bheil pornografaidh gu tric a' sealltainn giùlan maslach agus fòirneartach agus nach eil giùlan mar seo ceart ann an dàimhean àbhaisteach. Ionnsaichidh daoine òga cuideachd gum bu chòir do pornografaidh a bhith air a mheas mar mheadhan trom bi daoine air an goirteachadh agus far am bithear a' gabhail brath orra.

Mar inbhich, 's dòcha gun iarradh sinn saoghal eile dhar cloinn, ach 's e tha fìor ach gur e gnìomhachas cruinneil a th' ann am pornografaidh a tha a' tàladh ar cloinne agus a' cur stuthan fan comhair nach iarradh sinn. Tha an cothrom as fheàrr a th' againn air seo a làimhseachadh am

measg nan dàimhean a th' againn ris a' chloinn, le taic bho fhoghlam agus ionnsachadh.

19. Carson agus ciamar a bhios goireas RSHP a' cuideachadh dhaoin' òga ag ionnsachadh mu dhiofar sheòrsaichean de ghnìomhan feiseil?

Mar phàirt den churraicealam RSHP thathar an dùil gun ionnsaich daoine òga aois àrd-sgoile mu bhith a' coimhead às dèidh an slàinte feiseil gun tuig iad na tha an lagh a' ciallachadh le 'feise', tha seo na bhunait airson ionnsachadh mu bhith gan giùlan fhèin gu h-ìomchaidh còmhla ri daoine eile a bharrachd air a bhith a' tuigsinn aonta. Gus an lagh a thuigsinn feumar mìneachadh dè tha ann am feise a rèir lagh na h-Alba. 'S dòcha gu bheil e fìor gu bheil daoine òga den bheachd nach eil nach eil an lùib feise ach feise steachail bod/faighean, ach a rèir an lagh tha cleachdaidhean feise cuideachd air am meas mar fheise - feise beòil, feise tòine, a' fèin-brodadh còmhla agus suathadh feiseil - agus mar sin ma thèid a dhèanamh gun chead faodar a mheas mar ionnsaighdrabasta.

Ann an co-theacsa bruidhinn agus ionnsachadh mu ghnìomhachd feise, tha teachdaireachdan air feadh goireas RSHP mu aois aonta. Tha seo air a mhìneachadh mar rud a tha a' dìon dhaoine òga, agus thathas gam brosnachadh gus dàil a chur air gnìomhachd feise.

Nuair a bhios daoine òga a' gluasad chun na h-ìre as sine de ionnsachadh – AS4, AS5, agus AS6, aig ìre colaiste no ann an suidheachadh coimhearsnachd – tha tuilleadh ionnsachaidh ann mu giùlan feiseil. Thathas a' toirt aire do bhith a' beachdachadh air feise tòine airson diofar adhbharan. An toiseach, tha rannsachadh agus fios-air-ais bho sheirbheisean slàinte feise ag innse dhuinn gu bheil cuideam ga chur air boireannaich òga a thaobh seo. Chan eil sinn gu tur a' tuigsinn carson a tha daoine òga eile-sheòrsach a-nis nas dualtaiche a bhith ri feise tòine, ach dh'fhaodadh buaidh a bhith aig mar a tha barrachd is barrachd de fheise tòine ann am pornagrafachd (far a bheil 40% de sheallaidhean pornagrafach a' nochdadh feise tòine an-dràsta). San dàrna àite, gus am bi daoine òga gan dìon fhèin bho STI an a chaidh a thogail tro fheise tòine, agus a tha air sìor dhol am meud thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha fiosrachadh ceart riatanach. Tha goireas RSHP ag amas air dòigh a thabhann anns am faigh daoine òga fiosrachadh foghlaim, a tha ceart agus a tha gam brosnachadh gu bhith a' mèrachadh air an roghainnean agus an giùlan feise.

20. Carson agus ciamar a bhios goireas RSHP a' cuideachadh dhaoin' òga gus ionnsachadh mu thaobhadh feiseil?

Tha goireas RSHP ag aideachadh gu bheil cuid de dhaoine leasbach, gèidh no dà-sheòrsach. Tha seo gus clann agus daoine òga a chuideachadh gus ionnsachadh mu na tha gar dèanamh coltach agus gun samhail mar dhaoine fa-leth. A rèir an lagh, tha taobhadh-feiseil neach na fheart dìonta. Ga ràdh ann an dòigh eile, feumaidh sinn spèis a thoirt do dhaoine agus chan eil math dhuinn leth-bhreith a dhèanamh nan aghaidh. Tha na gnìomhan a th' ann an RSHP nam pàirt de thuigse air co-ionannachd a tha ag ràdh nach bu chòir do neach sam bith a bhith do-fhaicsinneach agus le bhith ag oideachadh gu deimhinneach mu na h-eadar-dhealachaidhean agus mu na feartan sònraichte againn gun ionnsaich sinn mu chòraichean daonna, urram daonna agus giùlan reusanta a thaobh mar a tha sinn a' dèiligeadh ri daoine eile. Tha taobhadh feiseil air a mhìneachadh mar cò air a tha gaol againn. Bidh clann ann an clas aig a bheil pàrantan leasbach, gèidh no dà-sheòrsach, no càirdean eile no caraidean teaghlaich LGB, agus mar sin tha e cudromach aithneachadh gu bheil daoine LGB nar teaghlaichean agus nar coimhearsnachdan. Aig gach ìre, tha leasan a tha a' bruidhinn air taobhadh feiseil nan dòigh iomchaidh a rèir aois airson in-ghabhaltachd a bhrosnachadh. Tha na gnìomhan ionnsachaidh seo cuideachd mar phàirt de oideachadh nas fharsainge gus clann agus daoine òga a chuideachadh a' tuigsinn gu bheil sinn uile co-ionann, ge bith dè ar gnè, no an ciorram no an taobh feise a th' againn.